




Ar Facail Obair Chomataidhean


The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

Le Acadamaidh Inbhir Àir agus Magic Torch Comics




Tha obair chomataidhean air leth cudromach do Phàrlamaid na h-Alba.


Bidh comataidhean a' sgrùdadh obair Riaghaltas na h-Alba, a' gabhail a-steach sgrùdadh air molaidhean a thaobh buidseatan.



Bidh comataidhean a' dèanamh rannsachaidhean, a' sgrùdadh reachdas agus a' faighinn fianais bho luchd-fianais airson cuideachadh le an rannsachaidhean.



Mar is trice tha coinneamhan air an cumail ann an seòmraichean nan comataidhean ann am Pàrlamaid na h-Alba, ach faodaidh iad a bhith air an cumail ann an àite sam bith air feadh Alba.



Tha comataidhean cuspairean ann agus feadhainn do-sheachanta, gach tè le seachd gu deich Buill Pàrlamaid na h-Alba orra.



Tha gach comataidh fa leth a' toirt prìomhachas do chuspairean eadar-dhealaichte.

Tha Comataidh nan Athchuingean Poblach a' beachdachadh air athchuingean a tha a' tighinn bhon mhòr-shluagh no bho bhuidhnean a tha airson aire a tharraing gu cuspair sònraichte.




Tha àireamh BPA bho dhiofar phàrtaidhean a rèir cia mheud ball a th' aig na pàrtaidhean sa phàrlamaid.

Tha cothromachadh ann gus dèanamh cinnteach nach fhàs obair nan comataidhean pàrtaidh poiliteach.



Tha comataidhean a' cruinneachadh fiosrachadh agus fianais ann an iomadh diofar dòigh.


Chan e an obair againne a bhith fiosrach mun a h-uile rud.'S e an obair againne lorg fhaighinn air na daoine a tha.



Tha cuireadh ga thoirt do dhaoine am beachdan a chur ann an sgrìobhadh agus faodaidh gun tèid iarraidh air daoine aig a bheil fiosrachadh sònraichte coinneachadh ris na comataidhean airson an tuilleadh fiosrachaidh a thoirt dhaibh no airson tighinn a dheasbad chuspairean agus mholaidhean...

What Do YOU Think?

... ach bidh iad cuideachd a' coinneachadh ri buill den mhòr-shluagh airson beachdan dhaoine no choimhearsnachdan fhaighinn.



Uaireannan thèid iad a thadhal air sgoiltean.

Le sin dè bu chòir dhuinn dèanamh?


Nas lugha pacaidhean ann am mòr-bhùithean.

Cumhachd na grèine!


Barrachd chraobhan a chur.

Barrachd chàraichean dealain.

Tha cothroman ann cuideachd fiosrachadh agus beachdan a sgaoileadh air-loidhne.



Faodaidh na seòrsachan fianais a thèid a thional a bhith gu math eadar-dhealaichte, bho chunntasan staitistigeil gu mèrachaichean pearsanta agus fèin-fhiosrachadh.



Tha an dà sheòrsa a' toirt buaidh air tuigse BhPA ann an dòighean eadar-dhealaichte.

Tha iomadh seòrsa bile ann air am beachdaich comataidhean.




Tha a' mhòr-chuid de laghan a' tòiseachadh mar Bhilean Riaghaltais.

Faodaidh BPA nach eil nam buill den riaghaltais bilean a thoirt a-steach cuideachd.



Uaireannan bidh e doirbh do Bhilean Bhall taic gu leòr fhaighinn, ach tha iomadh beachd cudromach air tighinn bho BhPA fa leth a tha a-nis nan laghan.



Thòisich Bile Crios-suidheachain air Còmh-dhail Sgoile, Achd Cànan Soidhnidh Bhreatainn (Alba) agus Achd na Cloinne (Dìon Co-ionnan bho Ionnsaigh) (Alba) 2019 uile mar bhilean bhall.

Tha Athchuingean Poblach nan dòigh a leigeil le daoine cuspair a thogail leis a' Phàrlamaid airson feuchainn ris an lagh atharrachadh. Beachdaichidh Comataidh nan Athchuingean Poblach air an athchuinge airson faicinn dè bu chòir a bhith dèante

First Aid to be taught in every school?



Thàinig am beachd gum bu chòir do chasg a bhith ann air smocadh ann an àiteichean poblach à athchuinge bho Acadamaidh Cnoc a' Ghniuthais.



Anns gach cùis bidh a' chomataidh a' cleachdadh gach pios fiosrachaidh a tha iad air a chruinneachadh còmhla ri brathan-ullachaidh bho SPICe airson ceistean gu ministearan an riaghaltais a dheasachadh ...

... airson dùbhlann a chur mun coinneamh agus an cumail cunntachail.

Tha an t-aon phròiseas ann airson rannsachaidhean, agus ged nach eil lagh a' tighinn asta aig a' cheann thall, bidh comataidhean a' dèanamh molaidhean dhan riaghaltais mu atharraichean a tha iad a' smaoinneachadh a bu chòir dha dèanamh.

Minimum Pricing for Alcohol – Health analysis



Tha sgrùdadh an dèidh reachdais ag obair san aon dòigh. Tha fiosrachadh air a thional airson faighinn a-mach ciamar a tha lagh ag obrachadh agus tha an Riaghaltais air a cheasnachadh mu chuspair sam bith a thig am bàrr.

Bidh clèirich a' feuchainn ri BPA a chuideachadh gus aithisg a dheasachadh ris an aontaich a' chomataidh air fad gu h-aon-ghuthach. . .




. . . ach uaireannan, chan urrainn do na BPA tighinn gu aonta agus bidh an aithisg ag ràdh gur e mòr-chuid dhen chomataidh a dh' aontaich, seach na buill uile.

Aon uair 's gu bheilear air bruidhinn agus air beachdachadh air Bile, tha an dàrna ìre a' ceadachadh atharraichean a dhèanamh air.



Faodaidh gun tèid atharrachadh air sgàth na fianais no atharraichean a chaidh a mholadh tro choiteachadh bhuidhnean.





Aig an treas ìre tha a' Phàrlamaid air fad a' beachdachadh air a' Bhile, le deasbad heireannach agus bhòt san t-seòmar.

Tha cothrom aig BPA bruidhinn air an dreach den Bhile a dh'atharraich a' Chomataidh agus a chaidh aontachadh aig an dàrna ìre.



Ma tha am Bile air aontachadh, tha e a' faighinn Aonta Rìoghail agus bidh e na Achd de Phàrlamaid na h-Alba. . .



. . . agus na phàirt de ar beatha làitheil.



Airson an tuilleadh a leughadh mun obair a tha a' dol aig an àm seo aig comataidhean Pàrlamaid na h-Alba, dèan sgan air còd QR le fòn no taiblad.

[@scotparl](http://www.facebook.com/scottishparliament)
www.parliament.scot
0131 348 5000